

Latha Fliuch - Activity

Inbheach agus leanabh

Lìon mias le uisge aig an t-sinc. A' chiad uair a ghabhas tu an t-òran splais an t-uisge le do chorragan ris a' cheòl. An dàrna uair a ghabhas tu e, na buail an t-uisge ach nuair a tha thu a' seinn 'Fliuch' no 'Mòr'.

Adult and child

Fill a basin with water at the sink. The first time you sing the song enjoy splashing the water with your fingers in time to the music. The second time you sing it only hit the water when you sing the words 'Fliuch' or 'Mòr'.

Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall. Nuair a sheinneas sibh a' chiad rann, buailibh ur boisean ri chèile aig na faclan 'Fliuch, fliuch, fliuch'. Nuair a sheinneas sibh an dàrna rann, stampaibh ur casan nuair a sheinneas sibh 'Mòr, mòr, mòr'.

Air neo, seasaibh ann an cearcall agus iarr air a' chloinn seasamh mu choinneamh caraid. Buailidh iad boisean len caraid nuair a tha iad a' seinn 'Fliuch, fliuch, fliuch' agus a-rithist nuair a tha iad a' seinn 'Mòr, mòr, mòr'.

Group Activity

Stand in a circle. When you sing the first verse clap your hands together when you sing the words 'Fliuch, fliuch, fliuch'. When you sing the second verse stamp your feet when you sing 'Mòr, mòr, mòr'.

Alternatively, stand in a circle and ask the children to face a partner. The children should clap hands with a partner when they sing 'Fliuch, fliuch, fliuch' and again when they sing 'Mòr, mòr, mòr'.

Activity for Sneachda Geal a' Tuiteam - Activity

Inbheach agus leanabh

Dèan cearcallan beaga le do làmhan nuair a tha thu a' seinn 'sneachda geal a' tuiteam'. Gluais do làmhan, gu luath, bho bhith àrd gu bhith ìosal nuair a tha thu a' seinn 'Uisge trom a' dòrtadh'. Gluais do ghàirdeanan bho thaobh gu taobh agus suas agus sìos nuair a tha thu a' seinn 'gaoth mhòr a' sèideadh'. Dèan cearcall mòr le do ghàirdeanan nuair a tha thu a' seinn 'Grian bhlàth a' deàrrsadh'.

Adult and child

Make small circles with your hands as you sing 'sneachda geal a' tuiteam'. Move your hands quickly from high to low as you sing 'Uisge trom a' dòrtadh'. Swirl your arms from side to side and up and down as you sing 'gaoth mhòr a' sèideadh'. Make a large circle with your arms as you sing 'Grian bhlàth a' deàrrsadh'.

Gnìomh buidhne

Dèanaibh cearcallan beaga le ur làmhan nuair a tha sibh a' seinn 'sneachda geal a' tuiteam'. Gluaisibh ur làmhan, gu luath, bho bhith àrd gu bhith ìosal nuair a tha sibh a' seinn 'Uisge trom a' dòrtadh'. Gluaisibh ur gàirdeanan bho thaobh gu taobh agus suas agus sìos nuair a tha sibh a' seinn 'gaoth mhòr a' sèideadh'. Dèanaibh cearcall mòr le ur gàirdeanan nuair a tha sibh a' seinn 'Grian bhlàth a' deàrrsadh'.

Group Activity

Make small circles with your hands as you sing 'sneachda geal a' tuiteam'. Move your hands quickly from high to low as you sing 'Uisge trom a' dòrtadh'. Swirl your arms from side to side and up and down as you sing 'gaoth mhòr a' sèideadh'. Make a large circle with your arms as you sing 'Grian bhlàth a' deàrrsadh'.

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh - Activity

Inbheach agus leanabh

Roilig do làmhan timcheall nuair a tha thu a' seinn na sèist 'Rinn sinn bodach-sneachda an-diugh'. Cuir do chorragan ann an cearcallan aig na facail 'sùilean dubh'. Thoir a chreidsinn gu bheil stoc agus ad ort aig na facail 'stoc mu amhaich 's ad mu cheann'. Paisg do ghàirdeanan nuair a tha thu a' seinn 'bodach bochd' agus stamp do chasan airson 'casan fuar'.

Adult and child

Roll your hands round themselves as you sing the chorus 'Rinn sinn bo dach-sneachda an-diugh.' Make your fingers into circles for 'sùilean dubh'. Mime your scarf and hat for 'stoc mu amhaich 's ad mu cheann'. Cross your arms across your chest as you sing 'bodach bochd' and stamp your feet for 'casan fuar'.

Gnìomh buidhne

Cumaibh grèim air làmhan càch a-chèile agus leumaibh timcheall deiseil nuair a tha sibh a' seinn na sèist. Dèanaibh mìm air na facail anns an rann 's sibh a' seasamh far a bheil sibh. Cumaibh grèim air làmhan càch a chèile a-rithist aig an t-sèist agus leumaibh timcheall ris a' bhuille.

Group Activity

Hold hands in a circle and skip round clockwise as you sing the chorus. Mime the words for the verse as you stand where you are. Hold hands for the chorus again and skip round to the beat.

Begin singing the song again from the start, passing the hat in time to the music. Follow the instructions as before.

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

Splis! Splais! - Activity

Inbheach agus leanabh

Buail do bhoisean dà thuras nuair a tha thu a' seinn 'Splis! Splais! No cuidich an leanabh le bhith a' bualadh am boisean. Mas fhìor gu bheil thu a' cur ort an aodaich mar a th' anns an òran. Gu socair, coisich do chorragan suas agus sìos gàirdean an leanabh nuair a tha thu a' seinn 'Piotair, patair, piotair, patair'. Gnog do chorragan gu socair, air ur cinn fhad 's a tha thu a' seinn 'Tha an t-uisge air an talamh'.

Adult and child

Clap your hands together twice in time as you sing 'Splis! Splais!' Or clap hands with your child. Mime putting on the clothes described in the song as they are mentioned. Walk your fingers lightly up and down your child's arm as you sing 'Piotar, patair, piotair, patair'. Tap your fingers softly on your heads as you sing 'Tha an t-uisge air an talamh'.

Gnìomh buidhne

Bruidhinn mun aodach a dh'fheumas sibh airson diofar sheòrsaichean aimsir. Feuch gun cleachd thu an t-aodach a tha anns an òran. Suidhibh le caraaid mur coinneimh an taobh a-staigh cearcall. Buailibh boisean le ur caraaid airson a' chiad 'Splis' agus buailibh ur glùinean fhèin airson 'Splais!' Breabaibh ur casan nuair a tha sibh a' seinn 'Cuir ort do bhòtannan'. Gnogaibh air ur ceann airson 'Cuir ort do bhonaid' agus buailibh ur boisean a-rithist airson 'Cuir ort do mhiotagan'. Gluaisibh ur corragan a-null 's a-nall nuair a tha thu a' seinn 'piotair patair'. Tòisich gu h-àrd agus gluais do chorragan sìos a' leantainn pitse an òrain.

Group Activity

Discuss the type of clothes you will need for different types of weather. Try to include the clothes used in the song. Sit in pairs facing a partner within a circle. Clap hands with your partner for the first 'Splis!' and clap your own knees for the 'Splais!' Tap your feet when you sing 'Cuir ort do bhòtannan' Tap your head for 'Cuir ort do bhonaid', shoulders for 'seacaid' and clap your hands for 'miotagan'. Wiggle your fingers up and down in front of you as you sing 'piotair patair.' Move from a high to low position, following the pitch of the song.

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

Tha i fuar an-diugh – Activity

Inbheach agus leanabh

Suidh còmhla ris an leanabh. Gabhaibh an t-òran còmhla. Nuair a tha sibh air a’ chiad loidhne a ghabhail – ‘Tha i fuar an-diugh’ – buailibh ur boisean ri chèile. Na buailibh ur boisean nuair a tha sibh air na loidhnichean eile a ghabhail. Cumaibh a’ dol san aon dòigh gach uair a sheinneas sibh ‘Tha i brèagha an-diugh’, ‘Tha i fliuch an-diugh’ agus ‘Tha i sgòthach an-diugh’.

Adult and child

Sit with your child. Sing the song together. After you have sung the line ‘Tha i fuar an-diugh’ clap your hands together. Don’t clap your hands after the other lines. Continue in the same way every time you sing ‘Tha i brèagha an-diugh’, ‘Tha i fliuch an-diugh’ and ‘Tha i sgòthach an-diugh’.

Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall, làmh air làimh. Coisichibh timcheall gu deiseil fhad ‘s a tha sibh a’ seinn. Nuair a tha sibh air an loidhne ‘Tha i fuar an-diugh’ a sheinn, leumaibh suas agus sìos far a bheil sibh. An uair sin, coisichibh timcheall mar a bha sibh roimhe. Na leumaibh nuair a tha sibh air na loidhnichean eile a sheinn. Cumaibh a’ dol san aon dòigh gach uair a sheinneas sibh ‘Tha i brèagha an-diugh’, ‘Tha i fliuch an-diugh’ agus ‘Tha i sgòthach an-diugh’.

Group Activity

Stand in a circle and hold hands. Walk round in a clockwise direction as you sing the song. After you have sung the line ‘Tha i fuar an-diugh’, jump up and down on the spot. Then continue walking round as before. Don’t jump after the other lines. Continue in the same way every time you sing ‘Tha i brèagha an-diugh’, ‘Tha i fliuch an-diugh’ and ‘Tha i sgòthach an-diugh’.

Tha mi fuar agus teth - Activity

Inbheach agus leanabh

Suidh mu choinneamh an leanaibh. Paisg do ghàirdeanan agus gnog do chorrigan orra dà uair gach uair a sheinneas tu 'Obh, obh' sa chiad rann nuair a tha thu fuar. San dàrna rann nuair a tha thu teth, crath do làmhan suas is sìos air beulaibh d' aodainn nuair a tha thu a' seinn 'Obh, obh'. Dèan seo dà thuras, ris na faclan. San treas rann nuair a tha thu fliuch, tog do làmhan dhan adhar agus ruith do chorrigan sìos mar uisge a' tuiteam nuair a tha thu a' seinn 'Obh, obh'

Adult and child

Sit facing your child. Cross your arms across your chest and tap your arms twice every time you sing 'Obh, obh' during the first verse when you are cold. For the second verse when you are hot, wave your hands in front of your face in a downward motion as you sing 'Obh, obh'. Do this twice in time to the words. For the third verse when you are wet, hold your hands in the air and run your fingers downwards like falling rain as you sing 'Obh, obh'.

Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall. Paisgibh ur gàirdeanan agus gnogaibh ur corrigan orra dà uair gach uair a sheinneas sibh 'Obh, obh' sa chiad rann nuair a tha sibh fuar. San dàrna rann nuair a tha sibh teth, crathaibh ur làmhan suas is sìos air beulaibh ur n- aodainn, nuair a tha sibh a' seinn 'Obh, obh'. Dèanaibh seo dà thuras, ris na faclan. San treas rann nuair a tha sibh fliuch, togaibh ur làmhan dhan adhar agus ruithibh ur corrigan sìos mar uisge a' tuiteam nuair a tha sibh a' seinn 'Obh, obh'.

Group Activity

Stand in a circle. Cross your arms across your chest and tap your arms twice every time you sing 'Obh, obh' during the first verse when you are cold. For the second verse when you are hot, wave your hands in front of your face in a downward motion as you sing 'Obh, obh'. Do this twice in time to the words. For the third verse when you are wet, hold your hands in the air and run your fingers downwards like falling rain as you sing 'Obh, obh'.